<b>1.1</b>	Gus am fios as ùire a thoirt do Bhuill na Comataidh air Leasachadh Churraicealaim ann an Roinn FtG na h-Àrd-sgoile.		
<b>2.0</b>	<b>Cùl-fhiosrachadh</b>		
<b>2.1</b>	Tha an aithisg a' toirt ùrachadh do bhuill na Comataidh air cuid de ghnìomhan a chaidh a dhèanamh bho chionn ghoirid gus taic a thoirt do leasachadh FtG san Àrd-sgoil.		
<b>3.0</b>	<b>Prìomh Aithris/Fiosrachadh</b>		
<b>3.1</b>	<p><b>Freagairtean Co-chomhairle bhon Faoilleach 2023 air adhart:</b>  <b>Tha na freagairtean co-chomhairle a leanas, a tha co-cheangailte ri na a tha a' toirt buaidh air FtG aig ìre na h-àrd-sgoile, rim faighinn ann an earrann nan co-chomhairlean air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.</b></p> <p>Cho-chomhairleachadh air <a href="#">sgìre-sgoile airson foghlam tron Ghàidhlig ann an Comhairle Baile Obar Dheathain.</a></p>		
<b>3.2</b>	<p><b>Lèirmheas air Teisteanasan agus Measadh san Àm ri Teachd: Co-chomhairle air Roghainnean airson Atharrachadh</b></p> <p>Tha an Lèirmheas air Teisteanasan agus Measadh san Àm ri Teachd aig an t-Ollamh Hayward aig an treas ìre an-dràsta, far a bheil modal ùr airson teisteanasan agus measadh air a chur air adhart. Tha moladh ann airson Diplòma Coileanaidh na h-Alba a bhiodh a' toirt dealbh slàn de shoirbheachas gach sgoilear thairis air an t-slighe ionnsachaidh aca. Bha Manaidsear Foghlaim an làthair aig choinneamh air 22 Giblean cuide ri riochdairean eile bho fhoghlam Gàidhlig leis an t-Ollamh Hayward agus thathar an dùil gun tèid molaidhean sònraichte ceangailte ri FtG san aithisg dheireannach gu bhith air a chur a-steach gu Ministearan sa Chèitean.</p>		
<b>3.3</b>	<p><b>Measadh Roghainnean air a bhith a' Cruthachadh Seirbheis FtG ùr aig ìre na h-Àrd-sgoile</b></p> <p>Mar a chaidh a thoirt fa-near aig coinneamh na Comataidh san t-Samhain 2022, tha Bòrd na Gàidhlig air maoinachadh a thoirt seachad gus an urrainn do Chomhairle Inbhir Chluaidh a dhol air adhart le measadh roghainnean air leasachadh FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile. Chaidh am Measadh Roghainnean a chur chun na Comataidh iomchaidh taobh a-staigh Comhairle Inbhir Chluaidh san Mhàrt 2023 airson beachdachadh agus tha buill de Chomhairle Inbhir Chluaidh air taic a chur ri plana fon tèid foghlam Gàidhlig a thabhann air sgoilearan àrd-sgoile na sgìre. Bhruidhinn Stiùiriche Foghlaim air An La 03/04/23 mun bhuidh a bheir seo air fàs FtG. Bidh Stiùiriche Foghlaim an làthair aig an ath coinneamh den Secondary Gaelic Advisory Group aig a' chomhairle sa Chèitean gus beachdachadh air na h-ath cheumnan.</p>		
<b>3.4</b>	<p><b>Sgeama Tabhartasan Foghlaim</b></p> <p>Uile gu lèir, tha Sgeama Tabhartasan Foghlaim air na leanas a thoirt seachad ann an 2022-23: Tabhartasan Foghlaim do dh'oileanaich air Cùrsaichean Foghlaim: 47 Oileanaich Iomlan: £61,862</p>		

	<p>Tha seo math an coimeas ri figearan 2021-22: Tabhartasan Foghlaim do dh'oileanaich air Cùrsaichean Foghlaim: 47 Oileanaich Iomlan: £52,621 Tha Tabhartasan Foghlaim fosgailte do thagraidhean bho oileanaich air Cùrsaichean Bun-sgoile / Àrd-sgoile / Tràth-bhliadhnaichean agus tidsearan air pileat an ATQ. Tha e air a mholadh barrachd taic a chumail ri oileanaich a tha ag amas air teagaisg san àrd-sgoil agus/no airson cuspair eile libhrigeadh ann am FtG (cuspair 5.4 air clàr-gnothaich)</p>			
<b>3.5</b>	<b>FtG sa chlàr-ama aig ìre na h-Àrd-sgoile</b>			
	<p>Thòisich Bòrd na Gàidhlig agus Foghlam Alba ag obair air co-iomairt gus taic a thoirt do chlàr-ama FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile. Bidh dà phrìomh amas aig seo – taic a thoirt do dh'Àrd-luchd-obrach le uallach airson clàran-ama agus structaran cholbhan agus a bhith a' sgaoileadh eisimpleirean de dh'obair shoirbheachail thar ùghdarrasan ionadail. Chaidh coinneamh a chumail sa Ghearran le Foghlam Alba gus beachdachadh air riochdaire bho FMG a chur ris a' Bhuidheann Clàr-ama Nàiseanta. Tuilleadh fiosrachaidh ri thoirt seachad aig an ath choinneamh.</p>			
<b>4.0</b>	<b>Moladh</b>			
<b>4.1</b>	Gun toir a' Chomataidh am pàipear seo fa-near.			
<b>5.0</b>	<b>Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach</b>			
<b>5.1</b>	<b>Buidhean air Ionmhas</b>			
	Tha na cosgaisean uile taobh a-staigh a' bhuidseit.			
<b>5.2</b>	<b>Buidh air Luchd-obrach</b>			
	Cha bhi buaidh ann			
<b>5.3</b>	<b>Buidh air Trèanadh</b>			
	Cha bhi buaidh ann			
<b>5.4</b>	<b>Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra</b>			
	Tha an obair seo a' cur ri amas chorporra 2 Gum bi barrachd cothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.			
<b>5.5</b>	<b>Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta</b>			
	<b>Adhbhar</b>		<b>Ar Luachan</b>	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	<b>AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</b>			
	Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Daoine Òga	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachd	<input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input type="checkbox"/>
<b>5.6</b>	<b>Buidhean air Cliù</b>			
	Cha bhi buaidh ann			
<b>5.7</b>	<b>Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd</b>			
	Cha bhi buaidh ann			

<b>5.8</b>	<b>Buaidhean Laghail</b> Cha bhi buaidh ann
<b>5.9</b>	<b>Buaidhean air Co-ionannas</b> Cha bhi buaidh ann

*\* Nì fiosrachaidh a ghabhas deasbad aig a' choinneimh.*

CLPL - Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (*Career-long Professional Learning*)

FtG / FLi – Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig / Foghlam Luchd-ionnsachaidh

ATQ – Teisteanas Teagaisg a Bharrachd gus an urrainn do tidsearan Nuadh-chànanan ann an àrd-sgoiltean tro mheadhan na Beurla a bhith a' cur Gàidhlig ris a' chlàradh aca.

SLT - Àrd-sgioba stiùiridh



<b>A' freagairt ri</b>	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	09.05.2023
<b>Àite:</b>	Air-loidhne
<b>Nì a' Chlàir-ghnothaich</b>	5.2

<b>Tìotal a' Phàipeir</b>	Adhartas air Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg	
<b>Moladh do Bhuill</b>	Airson Fiosrachaidh*	
<b>Neach-labhairt:</b>	Jennifer McHarrie	
<b>Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris</b>	<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	<b>Seòrsachadh na h-Aithris</b>
Sgioba-stiùiridh	27.04.2023	Ri Aontachadh
<b>Pàipear-taice air a cheangal ris</b>	-	
<b>1.0</b>	<b>Adhbhar</b>	
<b>1.1</b>	Ùrachadh airson na Comataidh air leasachaidhean le Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg.	
<b>2.0</b>	<b>Cùl-fhiosrachaidh</b>	
<b>2.1</b>	Tha an aithisg seo a' coimhead air cuid de ghnìomhan air a bheil an t-Oifigear Leasachaidh agus an Sgioba Foghlaim air a bhith ag obair, a' togail air an fhiosrachadh a fhuair a' Chomataidh anns an Fhaoilleach 2023.	
<b>3.0</b>	<b>Prìomh Aithris/Fiosrachadh</b>	
<b>3.1</b>	<p><b>Prògram nan Tadhalan Sgoile</b></p> <p>Tha prògram nan tadhalan sgoile fhathast ga libhrigeadh gach teirm le 15 Àrd-sgoiltean air tadhal fhaighinn agus seisean sanasachd le taisbeanadh bhon Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) gu Giblean 2023 agus a leantainn gu deireadh teirm 4. A bharrachd air a bhith a' toirt seachad tadhal sgoile, bidh an t-Oifigear Leasachaidh ag obair còmhla ri Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Oifigearan DYW a' frithealadh Fèilltean Dhreuchdan a' brosnachadh dhreuchdan ann am FtG.</p>	
<b>3.2</b>	<p><b>Taic do Luchd-teagaisg ùra</b></p> <p>Mar phàirt den phrògram taic do thidsearan-probhaidh ann am FtG tha an t-Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) a' cur sreath de sheiseanan tràanaidh air dòigh thar an t-seisein. Tha an seisean foghlaim a' ruith bhon Lùnastal chun an Ògmhios gach bliadhna agus e air a roinn ann an 4 teirmean.</p> <p>Chaidh 3 seiseanan CLPL a chur air dòigh do Thidsearan FtG ùra le 4mh san amharc airson an ath mhios. Tha seiseanan air an libhrigeadh ann an com-pàirteachas le (i) Stòrlann, (ii) Foghlam Alba, (iii) SMO le fòcas sònraichte air oideachadh bogaidh.</p> <p>Bidh an 4mh seisean a' cuimseachadh air beachdan bho dhiofar bhuidhnean Gàidhlig agus mar as urrainn dhaibh taic a thoirt do thidsearan ùra. Thathar a' cur ri chèile pasgan le fiosrachadh mu thaic agus buidhnean mar ghoireas do thidsearan.</p>	
<b>3.3</b>	<p><b>Colaistean is Oilthighean</b></p> <p>Tha Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig air taic agus comhairle phroifeiseanta a thoirt do luchd-obrach Oilthigh Obar Dheathain a thaobh cothroman gus ITE a libhrigeadh airson FtG. Chaidh a' choinneamh a chumail sa Mhàrt le còmhraidhean mu chothroman.</p>	

	<p>Thadhail Manaidsear an Fhoghlaim air Oilthigh Ghlaschu sa Ghearran a bhruidhinn ri oileanaich a tha air ceuman Gàidhlig a dhèanamh, agus gus fiosrachadh a thoirt seachad mu dhreuchdan ann an teagasg.</p> <p>Choinnich an t-Oifigear Leasachaidh ri Oilthigh Shrath Chluaidh sa Ghiblean agus iad an dùil chualtean còmhla a chur air dòigh airson teirm 4.</p> <p>Chaidh coinneamh a chumail sa Ghiblean leis a' Mhanaidsear Foghlaim agus Stiùiriche Foghlaim le luchd-obrach bhon roinn teagaisg gus bruidhinn air solar ITE agus dòighean air feuchainn ri àireamhan àrdachadh. Obraichidh sinn leis an Sgioba Conaltraidh gus teachdaireachdan air na meadhanan sòisealta a chur air dòigh air cinn-latha dùnaidh airson iarrtasan airson a' chùrsa teagaisg.</p> <p>Leanaidh an cùrsa ATQ, ach tha aig tagraichean ri barrachd obair a dhèanamh air an cuid Gàidhlig a dhèanamh gus an ruig iad an ìre riatanach airson an cùrsa a chrìochnachadh. Mar sin, cha tig a' chiad bhuidheann gu crìch gus an ath-bhliadhna</p> <p><b>3.4 Lìonraidhean agus ceanglaichean ùra</b> Coinneamhan a' gabhail a-steach: Leabharlann Bàrdachd na h-Alba, Comhairle Pheairt is Cheann Rois is Pàrlamaid na h-Alba. 'S e an t-amas fiosrachadh a chruinneachadh mu bhuidhnean sam bith a tha a' tabhann ghoireasan no a' cuideachadh le lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig leithid buidhnean coimhearsnachd, agus seo a chur ri Padlet a dh'fhaodar a cho-roinn le tidsearan.</p> <p><b>3.5 Cùisean conaltraidh</b> Artaigeil airson Teachers Resource 16/03 agus Scotland4Kids Teachers Edition 02/05 a' brosnachadh cothroman bogaidh do luchd-obrach is tabhartasan foghlaim. Tha an sgioba meadhanan sòisealta a' brosnachadh agus a' co-roinn fiosrachadh bho dhaoine eile Solaraidhean ITE/PGDE a bharrachd air cruinneachadh round-up gach seachdain de dhreuchdan bàna ann an FtG.</p> <p>Bhruidhinn Stiùiriche an Fhoghlaim air Radio nan Gàidheal airson an dàrna tachartais (seisean fiosrachaidh air-loidhne) gus Cothroman Bogaidh do thidsearan a shanasachadh</p> <p><b>3.6 Cothroman air Bogadh Gàidhlig do Luchd-obrach Foghlaim</b> Tha an sgeama a tha a' cur taic ri cothroman bogaidh Gàidhlig do Luchd-teagaisg is Luchd-obrach Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TIC), a-nis fosgailte do thagraidhean suas gu 4 Cèitean 2023. 2 sheisean fiosrachaidh air-loidhne air an cumail le taic bho cho-obraichean aig UHI agus Oilthigh Ghlaschu. Bha còrr air 40 daoine an làthair eadar an 2 sheisean.</p> <p>Leudachadh air an sgeama gus a bhith a' gabhail a-steach cùrsa Gàidhlig is Conaltradh tro UHI le roghainn ionnsachadh air astar oir tha an cùrsa seo ag amas air luchd-cleachdaidh nas comasaiche.</p> <p><b>3.7 Sgeama Thabhartasan Foghlam Gàidhlig 2023</b> Fosglaidh seo a-rithist san Ògmhios 2023 agus bheir e taic do dh'oileanaich ITE, oileanaich TIC agus cuideachd tidsearan le teisteanas a tha airson na sgilean aca a leasachadh. Tha còmhraidhean gan cumail a thaobh an gabhadh brosnachadh a bharrachd a thabhann dhaibhsan a tha a' dèanamh chùrsaichean foghlam àrd-sgoile.</p>
--	---

<b>3.8</b>	<b>GTCS (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba)</b>			
	Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ann an còmhraidhean le GTCS a thaobh fiosrachadh a sgaoileadh gu tidsearan mun sgeama Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh do Luchd-obrach Foghlaim a tha fosgailte gu 04.05.23.			
	Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' libhrigeadh seiseanan trèanaidh do thidsearan-pròbhaidh agus thathar a' coimhead air dòighean gus na seiseanan seo a thabhann do bharrachd thidsearan ùra airson am brosnachadh gus dreuchd a ghabhail ann am FtG. Thèid fiosrachadh a sgaoileadh gu tidsearan-pròbhaidh a tha air slighe shùbailte, agus thathar an dùil cuideachd fòcas a chur air tidsearan-pròbhaidh de chuspairean àrd-sgoile nach do thagh slighe FtG gu ruige seo, ach aig a bheil comas sa chànan.			
<b>4.0</b>	<b>Moladh</b>			
<b>4.1</b>	Gun toir a' Chomataidh am pàipear seo fa-near.			
<b>5.0</b>	<b>Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach</b>			
<b>5.1</b>	<b>Buidhean air Ionmhas</b>			
	Buaidh air buidseatan airson Foghlaim agus Sanasachd ach uile taobh a-staigh nam buidseatan stèidhichte.			
<b>5.2</b>	<b>Buidhean air Luchd-obrach</b>			
	Buaidh air Goireasan Luchd-obrach – an dà chuid anns an Sgioba Foghlaim agus airson an Sgioba Conaltraidh.			
<b>5.3</b>	<b>Buidhean air Trèanadh</b>			
	Chan eil buaidh gu sònraichte ann			
<b>5.4</b>	<b>Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra</b>			
	Tha an stiùireadh seo a' cur ri amas corporra 2 - Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.			
<b>5.5</b>	<b>Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta</b>			
	<b>AR N-ADHBHAR</b>		<b>AR LUACHAN</b>	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	<b>AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</b>			
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input type="checkbox"/>
<b>5.6</b>	<b>Buidhean air Cliù</b>			
	Neartaichidh an obair seo cliù a' Bhùird mar bhuidheann a tha a' bualadh gu h-èifeachdach air feumalachdan an t-siostaim FtG airson luchd-teagaisg a bharrachd.			
<b>5.7</b>	<b>Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd</b>			
	Cha bhi buaidh ann.			
<b>5.8</b>	<b>Buidhean Laghail</b>			
	Cha bhi buaidh ann.			
<b>5.9</b>	<b>Buidhean air Co-ionannas</b>			
	Cha bhi buaidh ann.			
<b>5.10</b>	<b>Buidhean air an àrainneachd</b>			
	Cha bhi buaidh ann.			

\*Fosgailte airson deasbad aig a choinneamh

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.2

ATQ – Teisteanas Teagaisg a Bharrachd gus an urrainn do tidsearan Nuadh-chànanan ann an àrd-sgoiltean tro mheadhan na Beurla a bhith a’ cur Gàidhlig ris a’ chlàradh aca.

CLPL - Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (*Career-long Professional Learning*)

DYW – Developing the Young Workforce

FtG / FLi – Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig / Foghlam Luchd-ionnsachaidh

ITE- Initial Teacher Education (Teacher Training Courses)

SLT - Àrd-sgioba stiùiridh



<b>A' freagairt ri</b>	A' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan
<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	09/05/2023
<b>Àite:</b>	Air MS Teams
<b>Nì a' Chlàir-ghnothaich</b>	5.3

<b>Tìotal a' Phàipeir</b>	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh	
<b>Moladh do Bhuill</b>	Airson Fiosrachadh*	
<b>Neach labhairt:</b>	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
<b>Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris</b>	<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	<b>Seòrsachadh na h-Aithris</b>
Sgioba Stiùiridh	27/04/2023	Ri Aontachadh
<b>Pàipear-taice air a cheangal ris</b>	PT1 – Clàr de phròiseactan a fhuair taic BnG ann an 2022/23 co-cheangailte ri òigridh	
<b>1</b>	<b>Adhbhar</b>	
1.1	Gus fiosrachadh a thoirt do bhuill na Comataidh mun buaidh a th' aig pròiseactan a gheibh taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig air obair òigridh sa Ghàidhlig.	
<b>2.</b>	<b>Cùl-fhiosrachadh</b>	
2.1	Tha am pàipear seo a' freagairt air gnìomh ann am plana obrach na Comataidh gus lèirmheas a dhèanamh air buaidh taic-airgid Bòrd na Gàidhlig air obair òigridh, is mar ùrachadh den fhiosrachaidh a chaidh a thoirt seachad aig coinneamhan 9 Ògmhios 2020, 18 Cèitean 2021 agus 10 Cèitean 2022.	
<b>3.</b>	<b>Prìomh Aithris/Fiosrachadh</b>	
3.1	Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus Plana Chorporra Bhòrd na Gàidhlig a' cur prìomhachas air obair òigridh, gus dhaoine òga a bhrosnachadh gus an cànan a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile le amas gum bi iad a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice, is a' cumail orra leis a' chleachdadh sin às dèidh dhaibh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fhàgail.	
3.2	Tro obair nan tabhartasan aig Bòrd na Gàidhlig, thathar a' cur an aon prìomhachas seo air obair òigridh tro na diofar sgeamaichean a thathar a' ruith. Gheibhear iomradh gu h-ìosal air na prìomhachasan a bha aig na diofar sgeamaichean an uiridh a bha ag amas gu sònraichte air taic a chumail ri daoine òga:	
	<b>Taic Freumhan Coimhearsnachd 2022/23</b>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• “A' toirt cothrom do dhaoine òga le Gàidhlig a chànan a chleachdadh taobh-a-muigh na sgoile, colaiste no oilthigh”</li> <li>• “A' brosnachadh no cumail taic ri theaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh</li> </ul>	
	<b>Colmille 2022/23</b>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• “A' toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile</li> </ul>	
	<b>GLAIF 2022/23</b>	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• “A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is a' togail chomasan airson leasachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg dhaoine òga”</li> </ul>	

3.3	A bharrachd air na phuingean gu h-àrd, bhathar cuideachd a' ruith sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean ann an co-bhann le Comann nam Pàrant, le taic-airgid bhon sgeama CYPEIF is ALEC (Children, Young People and Families Early Intervention & Adult Learning and Empowering Communities) aig Corra Foundation (is airgead airson an sgeama sin a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba), is tha seo stèidhichte gu tur air cothroman cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig a thabhann do chlann òga.																					
3.4	Thathar a' tomhais thairis air na sgeamaichean taic-airgid air fad gun deach timcheall air £1.1 millean de thaic-airgid (timcheall air trian de bhuidseat leasachaidh a' Bhùird) a ghealltainn ann am bliadhna-ionmhais 2022/23 do thimcheall air 67 phròiseactan no bhuidhnean a tha an sàs gu dìreach ann a bhith a' cur taic ri tachartasan no gnìomhan airson dhaoine òga. Tha na figearan seo air a bhith an ìre mhath rèidh airson na bliadhnaichean seo chaidh.																					
3.5	Tha iomradh gu h-ìosal air an àireamh de phròiseactan is suimeannan airgead air a bhriseadh a-rèir sgeamaichean taic-airgid:																					
	<table border="1"> <thead> <tr> <th>Sgeama</th> <th>Pròiseactan</th> <th>Suim</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh</td> <td>10</td> <td>£745,000</td> </tr> <tr> <td>GLAIF</td> <td>11</td> <td>£167,775</td> </tr> <tr> <td>Taic Freumhan Coimhearsnachd</td> <td>21</td> <td>£48,170</td> </tr> <tr> <td>Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean</td> <td>22</td> <td>£97,580</td> </tr> <tr> <td>Tabhartasan Coitcheann</td> <td>3</td> <td>£44,000</td> </tr> <tr> <td><b>IOMLAN</b></td> <td><b>67</b></td> <td><b>£1.1m</b></td> </tr> </tbody> </table>	Sgeama	Pròiseactan	Suim	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	10	£745,000	GLAIF	11	£167,775	Taic Freumhan Coimhearsnachd	21	£48,170	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	22	£97,580	Tabhartasan Coitcheann	3	£44,000	<b>IOMLAN</b>	<b>67</b>	<b>£1.1m</b>
Sgeama	Pròiseactan	Suim																				
Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	10	£745,000																				
GLAIF	11	£167,775																				
Taic Freumhan Coimhearsnachd	21	£48,170																				
Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	22	£97,580																				
Tabhartasan Coitcheann	3	£44,000																				
<b>IOMLAN</b>	<b>67</b>	<b>£1.1m</b>																				
3.6	Tha tuilleadh fiosrachaidh air na phròiseactan sònraichte seo ri fhaighinn ann am PT1, is fiosrachadh nas mionaidiche air na phròiseactan ri fhaighinn <a href="#">tro GrantNav</a> .																					
3.7	Leis a seo, chithear gu bheil cuid as motha den airgead air a ghealltainn do phròiseactan òigridh dol a-mach tro obair nam Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh, is gu sònraichte Comunn na Gàidhlig – is obair an lìonra Iomairtean, Spòrs Gàidhlig is prògram thachartasan nàiseanta aig ìre £660,000 airson 2022/23.																					
3.8	Thathar a' moladh gu mòr oidhirp na buidhnean air fad a tha an sàs ann a bhith cur air adhart cothroman cleachdadh don òigridh is an dùil gum bi sgeamaichean san àm ri teachd cumail fòcas aca gus taic-airgid a thabhann don leithid.																					
<b>4.</b>	<b>Moladh</b>																					
	Thathar ag iarraidh air Buill na Comataidh am fiosrachadh sa phàipear a leughadh agus na pàipearan-taice a thoirt fa-near.																					
<b>5.</b>	<b>Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach</b>																					
5.1	<b>Buidhean air Ionmhas</b>																					
	Chan eil gin ann.																					
5.2	<b>Buidhean air Luchd-obrach</b>																					
	Chan eil gin ann.																					
5.3	<b>Buidhean air Trèanadh</b>																					
	Chan eil gin ann.																					
5.4	<b>Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra</b>																					

5.4.1	<p>Tha obair òigridh na prìomhachas do Bhòrd na Gàidhlig, is tha na gnìomhan a leanas bho Phlana Chorpóra 2018-23 air an ainmeachadh co-cheangailte ris a' phrìomhachas sin:</p> <p><b>Cleachdadh na Gàidhlig</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• “A’ cur ris na th’ ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean”</li> <li>• “A’ toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a’ toirt taic do dh’fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga”</li> <li>• “A’ cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlachan a’ cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca”</li> </ul>																																				
5.4.2	<p><b>Ionnsachadh na Gàidhlig</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• “A’ cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taic a thoirt do theaghlachan nuair a tha a’ chlann aca aig ìre nan tràth-bhladhnaichean”</li> </ul>																																				
5.4.3	<p><b>Cur air adhart na Gàidhlig</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• “Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh’ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig”</li> </ul>																																				
5.5	<b>Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta</b>																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">AR N-ADHBHAR</th> <th colspan="2">AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach</td> <td colspan="2">’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Clann is Òigridh</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachdan</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Eadar-nàiseanta</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td colspan="2">Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td colspan="2"><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN		Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>	
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN																																			
Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>																																			
5.6	<b>Buidhean air Cliù</b>																																				
	Bidh na pròiseactan a tha a Bòrd na Gàidhlig a mhaoineachadh co-cheangailte ri obair òigridh Ghàidhlig a’ cur ri cliù na buidhne.																																				
5.7	<b>Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd</b>																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.8	<b>Buidhean Laghail</b>																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.9	<b>Buidhean air Co-ionannachd</b>																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.10	<b>Buidhean air an Àrainneachd</b>																																				
	Chan eil gin ann.																																				

Còd taic-airgid	Sgeama	Grantee	Project Title	Amount Funded
2223/09	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comunn na Gàidhlig	Iomairtean	£ 378,400.00
2223/09	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comunn na Gàidhlig	Spòrs Gàidhlig	£ 50,000.00
2223/09	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comunn na Gàidhlig	Prògram Nàiseanta CnaG	£ 20,000.00
2223/10	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	An Comunn Gàidhealach	Mòdan Ionadail	£ 5,000.00
2223/14	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Fèisean nan Gàidheal	Fèisgheil	£ 60,000.00
2223/14	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Fèisean nan Gàidheal	Sgoil Samhraidh & Tachartasan Còmhnaidh	£ 20,000.00
2223/26	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comhairle nan Eilean Siar	Iomairtean CnaG	£ 143,600.00
2223/27	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Iomairtean CnaG	£ 36,800.00
2223/28	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comhairle Baile Dhùn Èideann	Iomairtean CnaG	£ 15,600.00
2223/29	Buidheann Com-pàirteach Libhrigidh	Comhairle Baile Ghlaschu	Iomairtean CnaG	£ 15,600.00
2223/3004	GLAIF	City of Edinburgh Council	Capital Gaelic – further development and consolidation	£ 20,000.00
2223/3008	GLAIF	Angus Council	Gaelic Walks	£ 600.00
2223/3015	GLAIF	National Library of Scotland	Cinema Sgìre	£ 25,000.00
2223/3016	GLAIF	NatureScot	Rannasachadh àrainneachdail còmhla ri Àrainneachd Eachdraidheil Alba	£ 6,000.00
2223/3030	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Comhairle Staff Gaelic Development	£ 20,000.00
2223/3034	GLAIF	West Dunbartonshire Council	Expansion of Gaelic Bookbug, Early Years Sessions, BGE and Adult Gaelic Learning Sessions	£ 10,000.00
2223/3035	GLAIF	West Dunbartonshire Council	Cafaidh Capadaich agus Bùth Obrach	£ 2,500.00
2223/3041	GLAIF	North Lanarkshire Council	Leasachadh na Gàidhlig anns a' Chòimhearsnachd airson Oigridh agus Inbhidh	£ 12,000.00
2223/3042	GLAIF	The Highland Council	Gàidhlig sa Chòimhearsnachd	£ 5,675.00
2223/3043	GLAIF	The Highland Council	Promoting Gaelic in the 0 to 3 Sector- a 3 year strategic partnership	£ 60,000.00
2223/3045	GLAIF	The Highland Council	Prògram Taic BSGPR	£ 6,000.00
2223/4005	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Air Ghleus	Air Ghleus	£ 3,000.00
2223/4007	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Comunn Eachdraidh Nis	Air an Àirigh	£ 300.00
2223/4010	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Tighnabruaich District Development Trust	A' Gàidhlig na Tìr Fhèin	£ 2,190.00
2223/4011	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Comunn Gàidhealach an Òbain	Mòd Acadamaidh an Òbain	£ 3,000.00
2223/4013	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Royal Scottish National Orchestra	Yoyo & The Little Auk 2022	£ 3,500.00
2223/4016	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Comhairle nam Pàrant Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dàil	A' brosnachadh na Gàidhlig tro òrain is sgeulachdan, airson clann is theaghlachan	£ 3,980.00
2223/4017	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Ceòl is Craic	Ginealach Ùr 2022-23	£ 5,000.00
2223/4019	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Staffin Community Trust	Làithean Buidhe dhan Òigridh 2022	£ 3,000.00
2223/4020	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Comann nam Pàrant Inbhir Narainn	Leig leis fàs	£ 3,990.00
2223/4024	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Kilmuir & Staffin Primary Schools	Prògram 2022/23	£ 4,000.00
2223/4030	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Sir E Scott School	Brosnachadh Gàidhlig	£ 1,600.00
2223/4033	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Scottish Poetry Library	Nua-nòs	£ 4,500.00
2223/4034	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Fèis Phàislig	Còisir Ghàidhlig Fèis Phàislig	£ 2,000.00
2223/4036	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Co-roinn Ghàidhlig Mhuile agus Idhe	Sgeul na Dreolluinn	£ 1,750.00
2223/4043	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Parkour Outreach CIC	Parkour sa Ghàidhlig	£ 1,480.00
2223/4044	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Comunn Gàidhealach Muile	Mull Storytelling into Action	£ 2,000.00
2223/4052	Taic Freumhan Coimhearsnachd	North Harris Trust	Duais Iain Muir - Na Hearadh	£ 1,050.00
2223/4054	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Dingwall Academy	Cur-seachadan le Spòrs Gàidhlig	£ 250.00
2223/4055	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Tain Royal Academy	Cur-seachadan le Spòrs Gàidhlig	£ 600.00
2223/4057	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Ullapool High School	Cur-seachadan le Spòrs Gàidhlig	£ 250.00
2223/4058	Taic Freumhan Coimhearsnachd	Nicolson Institute	Cothrom cuir-seachadan a-muigh le Spòrs Gàidhlig	£ 730.00
2223/801	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cròileagan Inbhir Pheofharain	Mathan Beag & Pàrant is Pàiste	£ 12,000.00
2223/802	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Ceuman Beaga Inbhir Nis	Ceuman Beaga Inbhir Nis	£ 2,800.00
2223/803	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	An Cearcall	An Cearcall a-muigh Ath Tharracail	£ 1,250.00
2223/804	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Corragan Beaga Mallaig	Corragan Beaga Mallaig	£ 2,600.00

Còd taic-airgid	Sgeama	Grantee	Project Title	Amount Funded
2223/805	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Clann Trang Cille Bhrìde an Ear	Clann Trang Cille Bhrìde an Ear	£ 6,500.00
2223/806	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Kinlochlovin'	Casan Beag	£ 2,500.00
2223/807	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	North Ayrshire Gaelic Baby & Toddler Group	Cròileagan Siorrachd Àir a Tuath	£ 6,000.00
2223/808	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Lochcarron 0-5 Gaelic Group	Lochcarron 0-5 Gaelic Group	£ 2,700.00
2223/809	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Casan Beaga Baile Dhubhthaich	Casan Beaga Baile Dhubhthaich	£ 2,100.00
2223/810	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Ionad Chaluum Chille Ìle	Bogha Frois	£ 3,000.00
2223/812	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cròileagan an Ath Leathainn	Cròileagan an Ath Leathainn	£ 4,500.00
2223/813	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cròileagan Obar Dheathain	Pàrant is Pàiste Obar Dheathain	£ 4,100.00
2223/816	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Pàrant is Pàiste Phartaig	Parant is Paisde Phartaig	£ 2,200.00
2223/818	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Comann nam Pàrant Port Rìgh	Rionnagan Beaga Phort Rìgh	£ 13,330.00
2223/819	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cluich Gaelic Toddler Group	Cluich Inbhir Nis	£ 1,500.00
2223/820	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cowal Gàidhlig Parent and Toddler Group	Cowal Gàidhlig Parent and Toddler Group	£ 5,000.00
2223/821	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Lorn Toy Library	Lorn Toy Library	£ 2,650.00
2223/823	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Rionnagan Beaga Bishopbriggs	Rionnagan Beaga Bishopbriggs	£ 2,900.00
2223/824	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Pàrant is Pàiste Pollokshields	Pàrant is Pàiste Pollokshields	£ 2,000.00
2223/825	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Cròileagan Grianach	Cròileagan Grianach Pàrant is Pàiste	£ 15,000.00
2223/826	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Buidheann Pàisdean Inbhir Narainn	Buidheann Pàisdean Inbhir Narainn	£ 2,400.00
2223/827	Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	Brògan Beaga Ulapuil	Brògan Beaga Ulapuil	£ 550.00
EILE-2023-00415	Tabhartasan Coitcheann	Sabhal Mòr Ostaig	Seachdain nan Teaghlaich	£ 13,000.00
EILE-2023-00418	Tabhartasan Coitcheann	Staffin Community Trust	Sùil nam Bràthan	£ 6,000.00
2223/39	Tabhartasan Coitcheann	Astar Media	FilmG 15	£ 25,000.00



<b>A' freagairt ri</b>	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	09/05/2023
<b>Àite:</b>	Air MS Teams
<b>Nì a' Chlàir-ghnothaich</b>	5.4

<b>Tìotal a' Phàipeir</b>	Prìomhachasan & Bun-riaghailtean Sgeamaichean Taic-airgid Foghlaim 2023/24	
<b>Moladh do Bhuill</b>	Airson Aontachadh	
<b>Neach labhairt:</b>	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
<b>Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris</b>	<b>Ceann-latha na Coinneimh</b>	<b>Seòrsachadh na h-Aithris</b>
Sgioba Stiùiridh	27/04/2023	Ri Aontachadh
<b>Pàipear-taice air a cheangal ris</b>	Chan eil	
<b>1.0</b>	<b>Adhbhar</b>	
1.1	A' sireadh aonta bhon Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air prìomhachasan is bun-riaghailtean sgeamaichean taic-airgid Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean agus Tabhartasan Foghlaim 2023/24.	
<b>2.0</b>	<b>Cùl-fhiosrachadh</b>	
2.1	Bidh na sgeamaichean taic-airgid Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus Tabhartasan Foghlaim a' fosgladh airson iarrtasan 2023/24 a dh'aithghearr.	
2.2	Leis a' phàipear seo, thathar a' sireadh stiùir bhon Chomataidh air prìomhachasan is riaghailtean na sgeama, leis gun tèid na tabhartasan aontachadh aig ìre an Sgioba Stiùiridh leis gum bi nas lugha na £50,000 air a thabhann dhaibh.	
<b>3.0</b>	<b>Prìomh Aithris/Fiosrachadh</b>	
3.1	Is e an dà sgeama seo na prìomh dhòighean anns am bi Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic-airgid ri raointean tràth-bhliadhnaichean is trèanadh theagaisg.	
3.2	Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-Bhliadhnaichean ann airson taic-airgid a thoirt seachad do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean 0-3 airson seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh.	
3.3	Tha sgeama Tabhartasan Foghlaim ann gus taic-airgid a thoirt seachad do dh' oileanaich a tha trèanadh airson a bhith nan tidsearan Gàidhlig, airson tidsearan Gàidhlig airson na sgilean aca a' leasachadh (m.e. a thaobh ceannardas no cuspairean foghlaim eile), no airson trèanadh Gàidhlig a thoirt do thidsearan Bheurla a dh' ionnsaigh gluasad gu foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.	
3.4	Am-bliadhna, airson a' chiad uair bho chionn co-dhiù 5 bliadhnaichean, tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith an sgeama Tràth-bhliadhnaichean as aonais taic-airgid a bharrachd bho Chomann nam Pàrant is taic bhon sgeama CYPFEIF & ALEC aig Riaghaltas na h-Alba.	
3.5	Bidh seo a' ciallachadh gu bheil againn ri mu £75k bhuidseat a' lorg bho loidhnichean-bhuidseat eile airson taic a chumail ris an sgeama, gu sònraichte loidhne pròiseactan foghlaim, ach thathar an dùil gun ghabh seo a dhèanamh gun cus cron a dhèanamh air an sgeama.	
3.6	Chan eilear an dùil gum bi cus atharrachadh air prìomhachasan na sgeama bho bliadhnaichean a chaidh seachad, ach thèid am foirm-iarrtais sìmpleachadh gus a bheil nas lugha fiosrachadh	

Seisean Fosgailte  
Cuspair 5.4

	iarraidh bho luchd-iarrtais aig ìre an tagradh, is thèid am fiosrachadh a tha a dhith oirnn an uair sin iarraidh air buidhnean ma tha an iarrtas aca soirbheachail.						
3.7	Airson sgeama nan Tabhartasan Foghlaim, chan eil prìomhachasan sònraichte ann airson tagraichean, ach gu bheil iad clàraichte air cùrsa teagaisg (no trèanadh Gàidhlig) iomchaidh – is diofar ìrean taic ri fhaighinn a rèir dè an cùrsa agus dè an taic-airgid a tha iad air faighinn tron sgeama a-cheana.						
3.8	Am-bliadhna, thathar ag amas sìmpleachadh a dhèanamh air mar a tha suimeannan taic-airgid air a ruighinn airson luchd-iarrtas Tabhartasan Foghlaim, is seo fàgail cùisean nas fhasa tagradh a chur a-steach agus gum bi barrachd airgead air a thabhann do gach oileanach san fharsaingeachd (suas ri 30% a bharrachd airson luchd-iarrtais BA/MA Foghlaim is 15% airson luchd-iarrtais PGDE). Bidh fhathast taic a bharrachd air a thabhann do dhaoine a tha air roghainn cùrsa a ghabhail is iad air a bhith ann an dreuchd làn-thìde, is taic airson cìsean a' chùrsa far nach eil daoine comasach taic fhaighinn bho SAAS.						
3.9	Thathar cuideachd a' moladh airson a' chiad uair gun tèid airgead a bharrachd a thoirt seachad am-bliadhna do dh' oileanaich a tha clàradh airson cùrsa dh' ionnsaigh teagaisg ann an àrd-sgoiltean (airson brosnachadh a thoirt air daoine a tha gabhail an cothrom seo) agus tabhartas ùr a thoirt seachad do dh' oileanaich a tha air a bhith ann an cùram gus taic a bharrachd a chumail riutha an cùrsa aca a dhèanamh.						
3.10	Gheibhear tuilleadh fios gu h-ìosal air prìomhachasan is bun-riaghailtean an dà sgeama, agus gheibhear fiosrachadh fo phuuing 5.4 air mar a tha na sgeamaichean seo a' freagairt air gnìomhan Plana Chorporra agus Plana Gnìomh Bòrd na Gàidhlig.						
	<b>Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean</b>						
	<table border="1"> <thead> <tr> <th>A' fosgladh</th> <th>A' dùnadh</th> <th>Pròiseactan a' ruith</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>22 Cèitean 2023</td> <td>13 Iuchar 2023</td> <td>Lùnastal 23 – Ògmhios 24</td> </tr> </tbody> </table>	A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith	22 Cèitean 2023	13 Iuchar 2023	Lùnastal 23 – Ògmhios 24
A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith					
22 Cèitean 2023	13 Iuchar 2023	Lùnastal 23 – Ògmhios 24					
3.11	<u>Buidseat 2023/24 (tuairmse): £100,000</u>						
3.12	<u>Prìomhachasan</u> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' daingneachadh gu bheil cothrom seasmhach aig clann is teaghlaichean air solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig</li> <li>A' cur ris an àireamh chloinne a tha a' cumail a' dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid</li> <li>A' cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dhà-chànanas agus air na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig</li> <li>A' cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus air na cothroman a th' ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhearsnachd</li> </ul>						
3.13	<u>Bun-riaghailtean</u> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an sgeama fosgailte do bhuidhnean treas-roinn (carthannais no buidheann neo-chorpaichte) sam bith</li> <li>Chan fhaod buidhnean ach 1 iarrtas a chur a-steach</li> <li>Chan fhaodar iarrtas a chur a-steach airson còrr is £5,000, ach ma tha a' bhuidheann a' ruith barrachd na aon seisean san t-seachdain, faodar iarrtas a chur a-steach suas ri £15,000</li> </ul>						
3.14	<u>Slatan-tomhais</u> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' freagairt air prìomhachasan na maoinne</li> <li>Comasan air seiseanan Gàidhlig aig deagh inbhe a' libhrigeadh</li> <li>Cho math is a tha a' bhuidheann a' cur ri cleachdadh, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig</li> </ul>						

Seisean Fosgailte  
Cuspair 5.4

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Soirbheachas na buidhne ann a bhith a' cur ri àireamhan frithealaidh, àireamhan a' dol a-steach gu FtG agus a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig san sgìre</li> <li>• Comasan na buidhne gus suil a chumail air is measadh a dhèanamh air adhartas</li> <li>• A' brosnachadh co-ionannas agus a' toirt seachad cothroman do chlann a tha fo chùram</li> <li>• Luach an airgid ga shealltainn anns an iartas</li> </ul> <p><b>Tabhartasan Foghlaim</b></p> <table border="1"> <tr> <td>A' fosgladh</td> <td>A' dùnadh</td> <td>Pròiseactan a' ruith</td> </tr> <tr> <td>5 Ògmhios 2023</td> <td>1 Sultain 2023</td> <td>Sultain 23 – Ògmhios 24</td> </tr> </table>	A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith	5 Ògmhios 2023	1 Sultain 2023	Sultain 23 – Ògmhios 24
A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith					
5 Ògmhios 2023	1 Sultain 2023	Sultain 23 – Ògmhios 24					
3.15	<u>Buidseat 2023/24 (tuairmse): £75,000</u>						
3.16	<p><u>Prìomhachasan</u></p> <p>Tha an sgeama ann gus taic a chumail ri:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Oileanaich air cùrsa teagaisg Gàidhlig</li> <li>• Oileanaich air cùrsa thràth-bhliadhnaichean neo cùraim-chloinne Gàidhlig</li> <li>• Luchd-teagaisg an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig (a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh)</li> <li>• Luchd-teagaisg ann am foghlam tro mheadhan na Beurla a tha airson cùrsa Gàidhlig a dhèanamh gus obair a dh' ionnsaigh teagaisg sa Ghàidhlig</li> </ul>						
3.17	<p><u>Bun-riaghailtean</u></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha taic airson cìsean suas ri £1,820, ri fhaighinn ach ma tha e ceadaichte do thagraiche na cìsean aca a phàigheadh tro SAAS chan fhaod iad taic iarraidh airson cìsean</li> <li>• Tha tabhartas suas ri £1,000 ri fhaighinn mar thabhartas a rèir dè a' chùrsa agus dè an ìre den chùrsa air a bheil an tagraiche (m.e. suim nas ìsle airson cùrsa pàirt-thìde)</li> <li>• Tha tabhartas suas ri £5,000 gu h-iomlan ri fhaighinn airson daoine a tha air dreuchd làn-thìde a leigeil seachad airson an cùrsa a ghabhail, is tha an t-suim seo air lùghdachadh a rèir dè cho fada is a tha an tagraiche air a bhith ann an obair (m.e. £5,000 ma tha iad air a bhith ann an obair airson 4+ bliadhna, ach dìreach £2,000 ma tha iad air a bhith ann an obair airson 1 bliadhna)</li> </ul>						
3.18	<p><u>Slatan-tomhais</u></p> <p>Thèid iartasan a mheasadh, còmhla ri fianais a bharrachd a thathar a' sireadh, gus dearbhadh gu bheil an neach freagarrach airson taic-airgid fhaighinn, is ma tha iad freagarrach gheibh iad an t-suim air a bheil iad airidh.</p>						
3.19	Tha oifigearan a' cur fàilte air beachdan nam ball air na prìomhachasan, bun-riaghailtean is slatan-tomhais seo is tha iad toilichte molaidhean a ghabhail airson biadhachadh a-steach do sgeamaichean foghlaim 2023/24.						
<b>4.0</b>	<b>Moladh</b>						
	Thathar a' sireadh air Buill:						
